

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

28/5/24, 1000-1300

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:	Calum MacLeod (sa Chathair)	Calum Steele
	Ingrid NicEanraig	Iain Moireasdan (mar Neach-amhairc)

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Donald Dòmhnullach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)
Sarah NicDòmhnaill [SMD] (Cunntasair)
Kristina NicChoinnich [KMCK] (Foghlainneach Ionmhais)
Kathryn NicAoidh [KMK] (Neach-taic Cunntasachd) – puing 7
Iain MacGilliosa [IG] (Manaidsear IT) – puing 7
Richard McHale [RMH] (Manaidsear Trèanaidh) – puing 7
Lisa Annette [LA] (Ceannard Cruth-atharrachadh Didseatach) – puing 9
Eunice McAdam [EM] & Zarine Manekshaw [ZM] (Saffery) – puing 11
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

Chaidh fàilte a chur air Calum Steele chun chiad choinneamh mar bhall ùr.

1. Leisgeulan

1.1 Lachlan Peel.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (8/2/24)

3.1 Molaichte le Calum MacLeod agus daingnichte le Ingrid NicEanraig.

4. Gnothaichean ag èirigh

4.1 Comharraichte.

5. Pasgan Cunntasachd Q4 2023-24

- 5.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh bhall.
- 5.2 Chaidh a shoilleireachadh gu robh cosgais trèanadh gnìomhachais anns na cunntasan reachdail a' sealltainn cosgais a chaidh a mhaoineachadh le Sgrùn Alba agus am BFI an coimeas ri na cunntasan stiùiridh nach robh ga shealltainn.
- 5.3 Chaidh a shoilleireachadh gu robh cosgais taic PR bhon taobh a-muigh comasach ri linn nach robh Manaidsear Conaltraidh ann airson pàirt den bhliadhna agus nach robh Stiùiriche Chùisean Thaoibh A-muigh tuilleadh aig a' bhuidheann. Nithear measadh aig ìre bùird air an fheum airson nan seirbheisean seo a' dol air adhart.
- 5.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

6. KPI/Dashboard

- 6.1 Bha pàipear agus KPlan/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.
- 6.2 Chaidh a dhaingneachadh gu bheil àireamhan loidhneach a' dol sìos agus àireamhan didseatach agus iPlayer a' dol suas. Tha luachadh (appreciation) a' leantainn àrd.
- 6.3 Chaidh a dhaingneachadh gu bheileas a' gluasad gu ruige nas lugh a de dh'uairean a thìde de phrògraman ach prògraman aig ìre nas àirde.
- 6.4 Chaidh innse gu robh cuairt coimeasanaidh ann an-dràsta airson stuthan didseatach agus cùisean *short-form* airson an luchd-amhairc òg. Bha aithne ann gu feumar gluasad gu cabhagach gus nach fàsad a' bheàrn eadar an t-seirbheis craolaidh agus a' choimhairsnachd Gàidhlig.
- 6.5 Chaidh aithne a thoirt do dh'eisimpleir TBh nam Basgach (a rinn taisbeanadh aig Comataidh Lèirsinn), le cothroman ann a dhol chun Leas-phrìomh Mhinstear le planaichean amasach.
- 6.6 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

7. Frèam-obrach Dearbhaidh

Dashboard/ aithisg adhartais

- 7.1 Bha dashboard agus aithisg adhartais air beulaibh bhall agus bhruidhinn KMK mun phàipear.
- 7.2 Bha ceist ann, co-cheangailte ri cùisean Slàinte & Sàbhailteachd agus Dleastanas Cùraim (duty of care), ciamar a bhathas a' sealltainn don Chomataidh gu bheil cultar na buidhne a rèir nan riaghailtean. Bha beachd ann gu faodadh aithris prionnsabalach (overarching statement) a bhith feumail a thuilleadh 's dòcha air cluinntinn bho bhuidheann luchd obrach.
- 7.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

- 7.4 **Gníomh**: thèid coimhead ri ciamar a dh'fhaodadh dealbh air cultar na buidhne a thaobh Slàinte is Sàbhailteachd agus Dleastanas Cùraim a shealltann, mar aig 7.2. ([MMD](#))

In-sgrùdad - plana / cuireadh gu tagradh

- 7.5 Bha plana agus dreach Cuireadh gu Tagradh air beulaibh bhall.
- 7.6 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.
- 7.7 **Gníomh**: thèid am plana a chur an gníomh. ([KMK](#))

Aithisg shònraichte air Dion-saidhbear

- 7.8 Bha aithisg air beulaibh bhall agus bhruiddhinn IG mun phàipear.
- 7.9 Rinn IG taisbeanadh mus t-siostam deuchainn saibhbear agus sheall e na toraidhean a tha air tighinn air ais bho dheuchainnean MG ALBA an coimeas ri slatan-tomhais naiseanta agus gníomhachais.
- 7.10 B' iad na prìomh phuingean deasbaid:
- 7.11 Tha trèanadh mìosail airson luchd-obrach a' tachairt, a thuilleadh air iomairtean (simulated phishing campaigns).
- 7.12 Bha a' Chomataidh mothachail gur e dòn-saidbhear aon de na riosgan as motha a tha aig a' Bhòrd an-dràsta agus gu bheil a' Chomataidh airson 's gu bheil a h-uile càil a' tachairt gus am buidheann a dhòn.
- 7.13 Chaith còmhradh a chumail mu sgòraichean a tha luchd-obrach a' faighinn sna deuchainn (gun ainmean air a bhith air an toirt seachad) agus dè dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine a' dèanamh an trèanadh; dè tha na sgòraichean a' ciallachadh agus dè na ceumannan a thathas a' gabhail gus na h-àireamhan ìosail a mheudachadh. Chaith innse gum bi còmhraidhean gan cumail leotha-san nach eil a' dèanamh an trèanadh ann an deagh àm; thèid an tuilleadh conaltradh a dhèanamh leis an luchd-obrach air fad aig seisean a dh'aithghearr.
- 7.14 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte, le aithne gu bheil obair mhath ga dhèanamh gus am buidheann a dhòn. Thuirt buill na Comataidh gun toireadh iad seachad taic sam bith air an robh feum.

Aithisg shònraichte air Plana Leantainneach Gnothaich

- 7.15 Bha aithisg air beulaibh bhall agus bhruiddhinn RMH mun phàipear.
- 7.16 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte

Clàr Riosgan

7.17 Bha aithisg agus clàr riosgan air beulaibh bhall agus bhruidhinn DC mun phàipear.

7.18 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte

8. Aithisg dearbhaidd HR

8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall gus dearbhadh a thoirt chun Chomataidh air cùisean luchd-obrach is cosnaidh airson a' chairteil gu 31/3/24.

8.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

8.3 **Gníomh:** 1) thèid sùil a chumail air Pàigheadh a thaobh Gnè (Gender Pay) agus tillear chun Chomataidh le adhartas le na molaidhean a bha sa phàipear (**MMD**); 2) thèid dèanamh cinnteach, tro EDI, gu bheil am buidheann làn fiosraichte mu chùisean LGBT (**RM**); thèid trèanadh air *menopause* a shìneadh a-mach chun luchd-obrach air fad (**RMH**).

9. Poileasaidhean

Sgeama Tiomnachaidh

9.1 Dh'aontaich am Bòrd gun deigheadh an Sgeama Tiomnachaidh atharrachadh gus cumhachd a thoirt don Chomataidh poileasaidhean aontachadh, le dìreach fios a' tighinn chun Bhùird le geàrr-iomradh air dè chaidh atharrachadh annta. A' leantainn sin, bha pàipear air beulaibh bhall le ùrachadh air dleastanas na Comataidh/an Sgeama Tiomnachaidh.

9.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

9.3 **Gníomh:** thèid an atharrachadh a chur an sàs agus fhoillseachadh. (**MAMI**)

Meadhanan sòisealta

9.4 Bha poileasaidh air ùrachadh air beulaibh bhall airson aonta.

9.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

9.6 **Gníomh:** thèid am poileasaidh fhoillseachadh (**MAMI**) agus trèanadh iomchaidh a chur air dòigh. (**LA**)

10. Gnothaichean Riaghachais

10.1 Bhruidhinn Cathraiche na Comataidh mun phàipear, le Aithisg Bhliadhnaill na Comataidh agus Fèin-mheasadh na Comataidh airson 2023/24 agus clàr-obrach na Comataidh airson 2024/25 air beulaibh bhall.

10.2 **Co-dhùnadh:** dh'aontaich buill ri susbaint a' phàipeir.

10.3 **Gníomh:** 1) thèid am pàipear air adhart chun bhùird aig coinneamh air 14/6/24. (**MAMI**)

11. Cùisean deireadh na bliadhna

- 11.1 Chaidh fàilte a chur air EM agus ZM chun choinneimh.

Cunntasan reachdail

- 11.2 Bhruidhinn SMD mu na cunntasan a bh' air beulaibh bhall.
- 11.3 Chaidh innse gu bheil cùisean mar bu chòir ach nam biodh atharrachaidhean susbainteach a' tighinn am bàrr gun deigheadh fiosrachadh a chumail ris a' Chomataidh.
- 11.4 Bha EM riaraichte le na cunntasan.
- 11.5 **Co-dhùnadh:** mhol a' Chomataidh na cunntasan chun bhùird.
- 11.6 **Gníomh:** thèid na cunntasan an cuir air beulaibh a' bhùird air 14/6/24 airson aonta. ([SMD](#))

Aithisg an Luchd-sgrùdaidh

- 11.7 Thaisbean EM agus ZM bho Saffrey aithisg planaидh an luchd-sgrùdaidh gu buill.
- 11.8 Thug i seachad taing chun sgioba airson an taic.
- 11.9 Chaidh innse gun deach am pròiseas sgrùdaidh gu math rèidh. Bha an luchd-sgrùdaidh toilichte leis na h-àireamhan agus gun robh iad a' riochdachadh sealladh fior is chothromach de staid MG ALBA aig 31 Màrt 2024.
- 11.10 Chaidh an neach-sgrùdaidh tro aithisg an luchd-sgrùdaidh a' tarraig air diofar phuingean anns an aithisg. San fharsaingeachd chaidh a h-uile càil mar bu chòir agus cha deach draghan sam bith a thogail. Chaidh a ràdh nach biodh ceist ann mu Going Concern, agus dhaingnich na buill fa leth nach robh iad mothachail air dad a bharrachd a bu chòir togail, agus gu sònraichte nach robh iad mothachail air cunnartan sam bith co-cheangailte ri foill. Chaidh taing a thoirt do SMD agus an sgioba.
- 11.11 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte agus thug iad seachad meal-a-naidheachd don sgioba airson aithisg cho soirbheachail; gheibh aona bhall soilleireachadh bho oifigearan air riochdachaidhean nach deach an craoladh fhathast.
- 11.12 **Gníomh:** thèid am pàipear air beulaibh a' bhùird air 14/6/24. ([SMD](#))

Aithisg Bhliadhnaile MG ALBA 31/3/24 (a' gabhail a-steach Aithris Riaghlaidh)

- 11.13 Bha pàipear agus teacsa na h-aithisg air beulaibh bhall.
- 11.14 **Co-dhùnadh:** Bha buill riaraichte.

- 11.15 **Gníomh**: 1) thèid pìos a chur ri Aithisg a' Chathraiche gus gluasadan a thaobh Bile nam Meadhanan a shealltainn agus an uair sin thèid e air beulaibh a' Bhùird airson aonta air 14/6/24. (**MAMI**)

Fiosrachadh Foillseachaidh Bhuidhnean Poblach

- 11.16 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.
- 11.17 **Gníomh**: thèid a chuir air làrach-lìn na buidhne. (**MAMI**)

12. Gluasad air moladh ath-cur-an-dreuchd an Luchd-sgrùdaidh

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh gun deach cùmhnant a shoidhnigeadh le Saffery LLP (Inbhir Nis) airson seirbheisean luchd-sgrùdaidh MG ALBA airson na bliadhnaichean 23/24, 24/25 agus 25/26, às dèidh pròiseas tairgse. Thòisich an cùmhnant air 1/2/24 airson 3 bliadhna, le roghainn a leudachadh airson 2 bhliadhna eile, a rèir ath-shuidheachadh bliadhnaileis a' Bhòrd.
- 12.2 Ged a tha cùmhnant ionmhasail ann, feumar dearbhadh gu oifigeil gach bliadhna cò iad a nì an sgrùdadhbh air Cunntasan Reachdail na h-ath bhliadhna.
- 12.3 Bha buill riaraichte gu leanadh Saffery mar luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh airson 2024-25, air na cumhaichean a chair aontachadh ann an duais na tairgse.
- 12.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.
- 12.5 **Gníomh**: thèid am moladh air adhart chun Bhùird air 14/6/24. (**SMD**)

13. GISBE

- 13.1 Cha robh gin.

14. Deit na h-ath choinneimh – 12/9/24

Ainm sgriobhte a' chathraiche:

Deit: